

Bòrd MG ALBA

Premier Inn, Haymarket, Dùn Èideann

Diciadain 26 Lùnastal 2015, 0900-1200

Bòrd:	Magaidh Choineagan (sa Chathair)	Jo NicDhòmhnail
	Dùghall MacAmhlaigh	Donaidh MacAmhlaidh
	Catriona Nic a' Phì	Alasdair MacCaluim
	Daibhidh Brew	Iain Stephen Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)

Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)

Chris Dòmhnallach (Stiùiriche Obrachaidh)

Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)

Alan Esslemont (Ceannard Phrògraman)

Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) – an làthair airson puingean 12, 13 & 16

Chuir an Cathraiche fàilte air Iain Stephen Moireasdan chun chiad choinneamh Bùird.

1 Leisgeulan

Cha robh gin.

2 Gnothach Dearbhte

Jo NicDhòmhnail – ag obair air prògraman maoinichte le MG ALBA – “Piping Live” agus “Seirm” le Bees Nees Media. Tha Jo NicDhòmhnail cuideachd air a h-ainmeachadh mar

Chathraiche dà bhliadhna air Buidheann Stiùiridh Corpais Bhòrd na Gàidhlig. Tha am pròiseact seo air maoin fhaotainn bho MG ALBA.

Catriona Nic a' Phì – ag obair air prògram maoinichte le MG ALBA – “Farpaisean Chonchaorach” le mneTV.

Alasdair MacCaluim – ag obair air prògraman maoinichte le MG ALBA – “Rathad-iarrainn na Gàidhealtachd” le mactv agus “Fonn Fonn Fonn” le Moja Ltd. Thuir Alasdair MacCaluim gu robh e cuideachd air prògram maoinichte leis a' BhBC, “Leugh Mi”.

Daibhidh Brew – fo phuing 10 (Aithisgean air leth: Bannan) ri linn gu bheil e na bhall de Alba Chruthachail.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 28/5/15

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Chaidh moladh a chuir air a' bhuidheann airson inbhe airgid ann an Creideas nar Cosnaichean Òga (liYP) a ruighinn.

5 Fios bhon Chathraiche

Chaidh innse gu robh coinneamh fheumail air a bhith aice le Richard Findlay, Cathraiche Alba Chruthachail, anns an deach bruidhinn mu ro-innleachd tbh agus film.

Dh'innis an Cathraiche gun do thadhail Daibhidh Mundell BP, Rùnaire na Stàite airson Alba, ann an oifis Steòrnabhaigh air 30/7/15 far an d' fhuireas èisteachd mhath.

Choinnich an Cathraiche ri Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig far an deach innse gu robh Bòrd na Gàidhlig gu bhith a' bruidhinn mun lèirsinn aca, le fòcas air òigridh bho 12-18, aig a' Mhòd agus gu robh iad a' lorg taic MG ALBA. Chaidh aontachadh ann am prionnsabal gum biodh

sin riatanach agus gum bu chòir coinneamhan a chuir air dòigh eadar an dà bhuidheann ron Mhòd, aig ìre Bhùird agus aig ìre oifigear. (Gnìomh: MAMI). Chaidh a chomharrachadh gu robh Bòrd na Gàidhlig toilichte gu robh Stiùiriche Ionmhais MG ALBA a’ toirt seachad taic comhairle ionmhais sealach dhaibh agus gu robh iad air toradh na h-obrach fhaicinn san greis bheag bho thòisich e.

6 Fios bho Cathraiche Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Thug Cathraiche na Comataidh iomradh air a’ choinneamh a chaidh a chumail air 13/8/15. Dheigheadh cuid de na puingeann dèiligeadh riutha air clàr-chùisean a’ Bhùird an-diugh – faic puingeann 8, 10, 14, 15 & 16 - ach thug e iomradh gu sònraichte air:

Peinnein - chaidh innse gu robh feum air solaraiche peinnein a chuir an sàs a cheadaicheadh dleastanas sgeama “auto enrolment” na buidhne a choileanadh. Chaidh earrann 18.1 de na Gnàth-riaghailtean a chleachdadh leis an Àrd-Oifigear ann an co-chonaltradh le Cathraiche a’ Bhùird agus Cathraiche a’ Chomataidh agus mar thoradh air an sin, chaidh co-dhùnadh a dhèanamh Royal London a chuir an sàs mar solaraiche peinnein agus chan eil a’ chòrr buaidh ann airson a’ Bhùird no airson a’ Chomataidh.

International Financial Reporting Standards (IFRS) – chaidh innse gun robh inbhe cunntasachd IFRS gu bhith a’ tuiteam air MG ALBA bho 1/4/16. Chaidh aontachadh ris a’ mholadh comhairle a ghabhail bhon luchd-sgrùdaidh Deloitte, aig cosgais £4k.

Plana leantainneach ghnothaich - chaidh innse gu bheileas ann an còmhradhean leis a’ BhBC agus Plana Leantainneach Ghnothaich MG ALBA a neartachadh, gun tèid eacarsaich deuchainn a chumail agus gun tig fios air ais chun Chomataidh san Dàmhair.

Chaidh taing a bhuileachadh air Cathraiche na Comataidh airson a chuid obrach dhìcheallach.

7 Fios bho Chathraiche Comataidh Inbhean

Chaidh aithris a dhèanamh air a' choinneamh a chaidh a chumail air 25/8/15. Thug an Ceannard Phrògraman iomradh air taisbeanadh Stuart Martin a thaobh dèanadas BBC ALBA agus ghabh na Buill fa-near.

8 Measadh Chunnartan

Bha clàr nan cunnartan air beulaibh bhall. Chaidh innse gun deach fòcas a chuir aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 13/8/15 air an dà chunnart a leanas:

- Cunnart nach bi BBC ALBA mar phàirt de ro-innleachd a' BhBC
- Cunnart nach tèid maoin no luach a bharrachd a thàladh bhon BhBC

Chaidh aontachadh gun deigheadh a' chlàr ùrachadh agus a chuir air beulaibh a' Bhùird air 10/9/15. (Gnìomh: NMG)

9 Aithisg an Àrd-Oifigeir

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an t-Àrd-Oifigeir iomradh air. Ged nach robh e san aithisg, thug an t-Àrd-Oifigeir iomradh air na cumhachdan a chaidh a chleachdadh mar a leanas:

Peinnsein - chaidh innse gu robh feum air solaraiche peinnsein a chuir an sàs a cheadaicheadh dleastanas sgeama "auto enrolment" na buidhne a choileanadh. Chaidh earrann 18.1 de na Gnàth-riaghailtean a chleachdadh leis an Àrd-Oifigeir ann an co-chonaltradh le Cathraiche a' Bhùird agus Cathraiche a' Chomataidh agus mar thoradh air an sin, chaidh co-dhùnadh a dhèanamh Royal London a chuir an sàs mar solaraiche

10 Aithisgean air leth

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air.

Bho Riaghailt A.4.5 san Riaghailtean Ionmhasail chaidh aontachadh le atharrachadh buidseit mar a leanas:

- Maoin a bharrachd de £63,000 a chuir mu choinneimh Bannan

Leis gun robh clàr-ama riochdachaidh Bannan a' tòiseachadh ach gun robh feum air barrachd ùine gus cùmhnant a rèiteachadh eadar Alba Chruthachail, Young Films agus MG ALBA, chaidh aontachadh cùmhnant leasachaidh a thoirt do Young Films mar dhòigh air sruth-airgid a thòiseachadh ach leis an tuigse gur e suidheachadh neo-àbhaisteach a bha seo agus gun deigheadh cumail ris a' mhodh-obrach a bhith a' cleachdadh cùmhnant slàn.

11 Planadh Ionmhasail airson 2016/17

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air. Rinn an Stiùiriche Ionmhais taisbeanadh air roghainnean buidseit airson 2016/17. Chaidh còmhraidh a chumail agus chaidh aontachadh, a thuilleadh air na figearan, gu robh argamaidean air ciamar a dheighear an sàs an seo cudromach, le teachdaireachd làidir air cultar, eaconamaidh, cànan agus clann. Chaidh aontachadh gun deigheadh an tuilleadh fiosrachaidh a chuirteachadh air buill mar phàirt den deasbad air Plana Obrachaidh 2016/17. (Gnìomh: NMG)

12 Lèirsinn 2020

Rinn an Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan taisbeanadh agus chaidh còmhraidh a chumail. Chaidh atharraichean a mholadh agus dheigheadh tionndadh às ùr a chuirteachadh air Buill. (Gnìomh: IMT). Chaidh taing a thoirt seachad airson pàipear cho soilleir, feumail.

13 Ùrachadh Cairt Rìoghail a' BhBC

Bha pàipear air beulaibh bhall a bha a' moladh 24 prionnsabalan agus argamaidean a bhiodh air cùlaibh na h-iomairtean poblach aig MG ALBA anns an deasbad mu ùrachadh a' Chairt Rìoghail agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh atharraichean a mholadh air cuid agus chaidh prìomhachasan aontachadh. Chaidh a chomharrachadh cuideachd cho cudromach 's a bha e gun cuireadh daoine freagairtean pearsanta a-steach dhan Cho-chomhairle.

14 Sgeama Rianachd & Tiomnachaidh

Bha pàipear air beulaibh Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 13/8/15, a' moladh ùrachadh ann an Sgeama Rianachd & Tiomnachaidh na buidhne. Bha Buill na Comataidh den bheachd gum b' urrainn pàirt 4 (Rianachd) den Sgeama a bhith nas soilleire, gum b' urrainn am Bòrd

tiomnachadh a dhèanamh air cuid den obair measaidh bhliadhnail chun Chomataidh. Dh'aontaich am Bòrd ri na molaidhean seo, le tuigse gum biodh Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' dèanamh ath-mheasadh air a' cheangal eadar iad agus dleastanas na Comataidh sa Ghearran 2016.

15 Gnàth-riaghailtean

Bha pàipear air beulaibh Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 13/8/15, a' moladh ùrachaidhean beaga a-mhàin. Dh'aontaich am Bòrd ri na molaidhean seo, le tuigse gum biodh Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' dèanamh ath-mheasadh air a' cheangal eadar iad agus dleastanas na Comataidh sa Ghearran 2016

16 Seirbheisean ruigsinneachd

Bha pàipear air beulaibh bhall airson fios agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh aontachadh gun robh na cosgaisean a dh'fhaodadh tuiteam air MG ALBA rin comharrachadh agus a thoirt gu aire luchd-maoineachaidh – am BBC agus Riaghaltas na h-Alba – agus a h-uile cothrom a shireadh airson maoin ùr fhaighinn mun coinneimh. Dh'innis an Ceannard Seirbheis nach bu chòir na cosgaisean do MG ALBA a bhith cho àrd 's a bhathas a' sùileachadh ach gun robh feum air a' chosgais a dhearbhadh fhathast. (Gnìomh: DC)

17 Cùmhnantan airson aonta a' Bhùird

A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh cosgais air programan nas àirde na (a) £500k gu h-iomlan no (b) £100k san uair, aonta a' Bhùird. Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta a' Bhùird airson pasgan leis a' BhBC airson 2015/16 bho gach taobh: (a) tha a' chosgais gu h-iomlan £1,256,000 agus (b) tha cosgais san uair airson aon de na programan, Cèilidh na Bliadhna Ùire, aig £[GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta]. Chaidh seo aontachadh.

23 GISBE

Bidh coinneamh aig a' Chathraiche le Ofcom s/t 31/8/19. Chaidh aontachadh gun deigheadh moladh do Ofcom aithne a thoirt do dhaoine òga ann a bhith a' coimhead air ballrachd a' Bhùird.

Chaidh aontachadh cuireadh a thoirt do Iain Stephen Moireasdan a bhith na bhall de Chomataidh Inbhean. (Gnìomh: DC)